



**SABHAL  
MÒR OSTAIG**

Ionad Nàiseanta Cànan is Cultar na Gàidhlig

## **Aithisg Adhartais Cho-ionannachd**

**2013-2015**

**Ùraichte sa Ghiblean 2015**

## Cùl-fhiosrachadh

Chaidh Sabhal Mòr Ostaig a stèidheachadh mar ionad foghlaim neo-eisimeileach ann an 1973 agus 's e an aon cholaiste FE/HE anns an Rìoghachd Aonaichte a tha a' tairgsinn chùrsaichean adhartach tro mheadhan na Gàidhlig a-mhàin. Mar sin tha dleastanas riatanach aig Sabhal Mòr Ostaig airson cànan, cultar is dualchas na Gàidhlig a leasachadh is a neartachadh tro phrògraman is tachartasan foghlaim, cultarail, brosnachaidh is eaconamach.

Tha iomadh leudachadh mòr air tighinn aig Sabhal Mòr Ostaig thar nam bliadhnaichean ged as e ionad ùr agus beag a th' ann. Bha Sabhal Mòr Ostaig na chom-pàirtiche stèidheachaidh ann am pròiseact OGE ann an 1994 agus a choisinn tiotal oilthigh anns an Fhaoilleach 2011. Tha a' Cholaiste air fàilte a chur air luchd-ionnsachaidh às iomadh àite agus seòl-beatha bho chaidh a stèidheachadh agus tha e fa-near dhuinn gun lean seo agus gun tog sinn air a' bhun-stèidh sin.

## Amasan

Tha Sabhal Mòr Ostaig a' cur roimhe a bhith na shàr-ionad airson leasachadh agus brosnachadh cànan, cultar is dualchas na Gàidhlig tro libhrigeadh deagh chothroman foghlaim, trènaidh is rannsachaidh tro mheadhan na Gàidhlig; agus le bhith a' co-obrachadh gu h-innleachdail le daoine, coimhearsnachdan agus gnìomhachasan airson cur ri leasachadh sòisealta, cultarail is eaconamach.

'S e ionad agus gnìomhachas foghlaim làn Gàidhlig a th' anns a' Cholaiste agus 's e prìomh amas na Colaiste gu bheilear a' dìon, a' neartachadh agus a' leasachadh na Gàidhlig.

## An Lèirsinn Cothromachaidh Againn

A rèir na lèirsinn cothromachaidh againn, bidh sinn nar coimhearsnachd fhurachail anns a bheil a h-uile duine, a dh'aindeoin seòl-beatha, aois, nàiseantachd no fèin-aithne, a' com-pàirteachadh às aonais bhacaidhean sam bith.

## A' Cumail ri Co-ionannachd

Tha sinne aig Sabhal Mòr Ostaig làidir den bheachd nach gabhar ri lethbhreith idir aig a' Cholaiste againn. Tha sinn a' cur fàilte air na dleastanasan an lùib Achd Co-ionannachd 2010 (an Achd) agus nì sinn am barrachd leasachaidh mar ionad-fastaidh Co-ionannachd agus ionad-foghlaim a rèir nan laghan iomchaidh.

Cumaidh sinn co-ionannachd ann an cridhe nan dòighean-obrach againn agus aig teis-meadhan nan cleachdaidhean dealbhadh poileasaidh, libhrigeadh seirbheis is fastaidh againn.

Nì sinn ar dìcheall gun tèid am fiosrachadh a chruinnicheas sinn bho luchd-obrach agus oileanaich am feabhas agus gum bi na dòighean sgrùdaidh nas èifeachdaiche mar an ceudna.

Tha sinn daonnan mothachail air na buannachdan an lùib dleastanasan co-ionannachd agus tha sinn airson lethbhreith a mhùchadh mus tachair i - mar sin, feumaidh na co-dhùnidhean agus na poileasaidhean againn a bhith cothromach don a h-uile duine - luchd-obrach agus oileanaich - anns a' chiad dol a-mach.

Bidh sinn a' dealbhadh Sgrùdaidhean Buaidh Cho-ionannachd airson seo a thoirt gu buil, a bhios a' sgrùdadh nan dòighean-obrach againn, agus a' dearbhadh a bheil an dòigh-obrach a' toirt buaidh air buidhnean eadar-dhealaichte ann an dòighean eadar-dhealaichte.

Tha cruinneachadh fiosrachaidh an lùib nan sgrùdaidhean airson buaidh poileasaidh no cleachdaidh a shònrachadh agus airson cleachdadh a chur an gnìomh a chuireas stad air cùis lethbhreith a thèid sònrachadh. Tha cothroman airson co-ionannachd a bhrosnachadh an lùib nan sgrùdaidhean buaidh cuideachd.

Tha an aithisg seo a' taisbeanadh an adhartais a rinn a' Cholaiste air co-ionannachd a chothromachadh an coimeas ris na toraidhean Co-ionannachd againn a chaidh foillseachadh anns a' Ghiblean 2013. Tha i a' toirt iomradh air na toraidhean ùraichte agus Plana Gnìomh againn a bheir leasachadh is adhartas dhuinn a leigeas leinn dleastanasan coitcheann is sònraichte na h-Achd a choileanadh.

## **Dleastanas Co-ionannachd na Roinn Poblach (Giblean 2011)**

A rèir an dleastanais cho-ionannachd choitcheann, feumaidh ùghdarrasan poblach, is iad ri an cuid gnìomhan:

- Stad a chur air lethbhreith, sàrachadh agus burraidheachd mhì-laghail agus giùlan toirmisgte eile.
- Co-ionannachd chothroman a neartachadh eadar daoine aig a bheil agus aig nach eil feart dìonaichte.
- Càirdeas a neartachadh eadar daoine aig a bheil agus aig nach eil feart dìonaichte.

'S iad seo na feartan dìonaichte:-

- Aois
- Ciorram
- Atharrachadh gnè
- Pòsadh agus com-pàirteachas sìobhalta
- Leatromachd agus màthaireachd
- Cinneadh
- Creideamh
- Gnè
- Taobhachd fheiseil

## Plana-gnìomh Co-ionannachd 2015-2017

Tha am plana-gnìomh againn a' sealltainn ciamar a leasaicheas agus a choileanas sinn na Toraidhean Co-ionannachd againn agus ciamar a bheir sinn an lèirsinn cothromachaidh gu buil anns a bheil sinn nar coimhearsnachd fhurachail anns a bheil a h-uile duine, a dh'aindeoin seòl-beatha, aois, nàiseantachd no fèin-aithne, a' com-pàirteachadh às aonais bhacaidhean sam bith.

Tha gnìomhan aontaichte anns a' phlana seo mu choinneimh gach toraidh cuide ri comharraidhean soirbheachaidh sa gheàrr-ùine, 2015-2017, agus na h-amasan fad-ùine againn a rèir na lèirsinn cothromachaidh againn.

Bidh na toraidhean Co-ionannachd an lùib gach gnìomh aig a' Cholaiste agus bidh sinn ag aithris air an adhartas againn anns a' Ghiblean 2017.

## Aithisg air Cothromachadh Co-ionannachd

Tha an roinn a leanas a' sealltainn an adhartais is deagh-chleachdaidh an lùib coileanadh Dleastanas Co-ionannachd na Roinn Poblach. Tha seo a' nochdadh mu choinneimh nan toraidhean a chaidh foillseachadh sa Ghiblean 2013.

**1. Tha eòlas agus tuigse aig a h-uile neach-obrach air cùisean co-ionannachd is iomadachd, mar luchd-obrach na Colaiste, a rèir na h-Achd Co-ionannachd.**

### Prìomh Chuspairean: Conaltradh, Trèanadh, Inntriageadh

#### Pasgan Trèanaidh Modal-d

Cheannaich a' Cholaiste am pasgan trèanaidh modal-d Diversity aig Marshall ACM ann an 2014. Tha a h-uile neach-obrach, agus luchd-obrach ùr, clàraichte agus tha còrr is 50% air am modal a choileanadh. Tha manaidsearan-sreatha agus luchd-obrach àrd eile a leithid Prionnsabal na Colaiste air iarraidh air an luchd-obrach an trèanadh a choileanadh.

#### Trèanadh Co-ionannachd anns a' Ghàidhlig

Chaidh pasgan trèanaidh Gàidhlig a dhealbhadh leis a' Cholaiste fhèin airson luchd-obrach a bha airson an trèanadh Co-ionannachd a dhèanamh sa Ghàidhlig. Thèid seo a liubhairt sa Chèitean 2015.

#### Fianais air Èifeachdas

Earrann à Sgrùdadh Luchd-obrach OGE 2014.

Ann an fharsaingeachd, bha ìrean àrda aontachaidh anns na h-aithrisean a thaobh co-ionannachd agus iomadachd, agus bha na toraidhean aig SMO na b' àirde no co-ionnan ris na h-àireamhan cuibheasach. Bha na leanas air cuid de na h-aithrisean anns an robh ìrean aontachaidh nas àirde, *'Tha mi den bheachd gu bheil SMO a' brosnachadh co-ionannachd chothroman am measg an luchd-obrach gu lèir'* (41% ag aontachadh gu làidir agus 43% ag aontachadh) agus *'Tha mi a' tuigsinn nan dleastanasan pearsanta agam fhìn airson co-ionannachd san àite-obrach a dhearbhadh agus a bhrosnachadh'* (39% ag aontachadh gu làidir agus 46% ag aontachadh). Cha robh e cho coltach gun aontaicheadh an luchd-freagairt ris a' bheachd *'Tha mi air trèanadh co-ionannachd èifeachdach fhaighinn'* - agus 64% ag aontachadh gu làidir/ag aontachadh, 25% nach robh ag aontachadh/ag eas-aontachadh agus 9% a' dol na aghaidh/a' dol na aghaidh gu làidir.

Beachd SMO – Bha grunn luchd-obrach, anns an tachartas luchd-obrach nuair a chaidh am modal trèanaidh air-loidhne fhoillseachadh, den bheachd làidir gum b' fheàrr leotha gun rachadh an

trèanadh a liubhairt tro mheadhan na Gàidhlig. Ged nach eil e comasach an 9% den luchd-obrach a sgrùdadh a dh'innis gun robh iad mì-thoilichte, tha sinn den bheachd gur dòcha gun robh seo air aon de na h-adhbharan agus, mar thoradh air sin, tha a' Cholaiste air trèanadh tro mheadhan na Gàidhlig a dhealbhadh a rachadh libhrigeadh aghaidh-ri-aghaidh.

### **Gnìomh a Bharrachd:**

Cruinnich agus sgrùdaich beachdan air pasgan trèanaidh modal-d.

Libhrig agus ath-sgrùdaich trèanadh Gàidhlig aghaidh-ri-aghaidh.

Dearbhaich gu bheil 100% den luchd-obrach a' faighinn trèanaidh co-ionannachd.

A rèir Achd na Gàidhlig 2005, feumaidh buidhnean poblach ainmichte san Achd Planaichean Gàidhlig a dhealbhadh. Feumaidh na buidhnean seo cumail ri Dleastanas Co-ionannachd na Roinn Poblach cuideachd. Tha buannachdan follaiseach an cois co-obrachaidh agus mar sin thathar an dùil gun dèanar rannsachadh air ciamar a rachadh pasgan trèanaidh Gàidhlig air-loidhne a leasachadh an co-bhonn ri buidhnean eile.

**2. Tha luchd-obrach is oileanaich aig a bheil feartan dìonaichte den bheachd gu bheil a' Cholaiste a' brosnachadh co-ionannachd is iomadachd gu follaiseach agus gu bheil a' brosnachadh fheartan agus na thathar a' coileanadh a thaobh seo.**

## **Prìomh Chuspairean: Riaghlachas agus Stiùireadh, Conaltradh**

### **Òraid an t-Sabhail 2014**

Chaidh an òraid a lìbhrigeadh le Rapporteur Sònraichte nan Dùthchannan Aonaichte air Cùisean Mhion-shluaghan, Rita Izsák. Bhruidhinn i air ciamar a thathar a' mìneachadh mion-shluaigh, a thaobh creideimh, cinnidheachd no cànan, agus air an obair a rinneadh agus na laghan a chaidh cur an gnìomh airson mion-shluaghan agus an còraichean a dhìon air feadh an t-saoghail.

### **Duais Làraichean-lìn Cholaistean 2015**

Choisinn làrach-lìn Sabhal Mòr Ostaig an dàrna àite ann an co-fharpais nan làraichean-lìn aig Lìonra Leasachadh nan Colaistean.

Bha na britheamhan den bharail gun robh an làrach-lìn cothromach don a h-uile duine a thaobh dhealbhan (aois/gnè) agus gun robh an dealbhadh math. "Fhuair eadachdairinn mhath mun Cholaiste bhon làraich-lìn."

**Seachdain 'Bodhaig Shlàn, Inntinn Shlàn' agus latha Slàinte Inntinn nan Oilthighean, Gearran 2015** Goireasan a leithid sanasachd biadh is greimean-bidhe fallainn agus rèis nan dùbhlannan anns an do ghabh mòran luchd-obrach is oileanach pàirt.

### **'Is tusa an Còcaire', Bùth-obrach còcaireachd eadar-nàiseanta**

Faodaidh a h-uile neach-obrach is oileanach pàirt a ghabhail san tachartas mhìosail seo rè teirm na Colaiste is tha fèill mhòr air am measg nan oileanach eadar-nàiseanta a bhios a' taisbeanadh nan sgilean còcaireachd aca is a' dèanamh bidhe às a h-uile ceàrn den t-saoghal.

### **Litir-naidheachd 'Sgrìobag'**

Thathar a' sgoileadh 'Sgrìobag' a h-uile cola-deug don luchd-obrach is do na h-oileanaich agus anns a bheil naidheachd chunbhalach air tachartasan Slàinte is Co-ionannachd.

### **Sgoilearachd Jon Schueler, Neach-ealain Lèirsinneach air Mhuinntireas**

Thathar a' tabhann sgoilearachd Jon Schueler do neach-ealain ùr a h-uile bliadhna agus chaidh a chur air bhonn ann an 2013 leis an neach-ealain Sheapanach, Takeshi Shikama agus an uair sin an neach-ealain-fuaime às a' Ghearmailt, Helmut Lemke ann an 2014. 'S e com-pàirteachadh air leth a th' anns an sgoilearachd eadar Sabhal Mòr Ostaig agus Urras Carthannais Jon Schueler, le taic Acadamaidh Rìoghail na h-Alba.

'S e Oliver Mezger, a' chiad neach-ealain Albannach a choisinn an sgoilearachd, a chaidh taghadh mar neach-ealain lèirsinn air mhuinntireas ann an 2015.

## **Gnìomh a Bharrachd:**

Ath-sgrùdaich agus leasaich Brosnachadh A-staigh is A-muigh air Cùisean Co-ionannachd agus Iomadachd.

Thèid toraidhean is lèirsinn Co-ionannachd ùraichte a sgaoileadh aig tachartas sanasachd, aig am bi Buill a' Bhùird Stiùiridh is luchd-obrach àrd agus aig tachartas oileanach san t-seachdain inntrigidh.



**3. Feumaidh gach oileanach aig a bheil feartan dìonaichte cothromachd chothroman fhaighinn airson com-pàirteachadh ann am beath na Colaiste agus toraidhean deimhinneach a choileanadh.**

**Prìomh Chuspairean: Curaicealam, Dòighean Ionnsachaidh is Teagaisg, Eòlas Oileanach**

#### **Cùrsaichean Air-Astar**

Liubhairt chùrsaichean inntigridh, chùrsaichean teisteanais, dioplòma, ceuma is Maighstireachd tro ionnsachadh air-astar a leigeas le oileanaich com-pàirteachadh nach urrainn a' Cholaiste a fhrithealadh làn-ùine. An lùib seo tha cùrsaichean air an lìbhrigeadh tro cho-labhairt-bhideo, co-labhairt-fòn agus Àrainn Ionnsachaidh Air-loidhne agus tha cuid a chlasaichean a' tachairt anmoch feasgar agus air an oidhche a leigeas le barrachd dhaoine com-pàirteachadh.

#### **Atharrachaidhean air Cùrsaichean Air-Astar airson taic a chumail ri Oileanaich le Duilgheadasan Fradhairc**

Tha Sabhal Mòr Ostaig, an dèidh stuthan ionnsachaidh atharrachadh airson grunnan oileanach aig an robh duilgheadasan fradhairc, air ionnsachadh gum b' fheudar dhaibh stuthan sgrìobhte atharrachadh a rèir goireasan is comasan teicnigeach gach oileanach gus an gabhadh na faidhlichean sgrìobhte a chleachdadh. Chaidh atharrachaidhean air cha mhòr a h-uile cùis aontachadh mus do thòisich oileanaich an Cùrsa agus chaidh dèiligeadh leis an fheadhainn eile mar a dh'èireadh iad. Chaidh na faidhleachan tùsail a chur don oileanach le notaichean mun chruth agus chaidh an atharrachadh an dèidh beachdan fhaighinn agus chaidh faidhle atharraichte a chur mar dheuchainn. Chaidh seo a dhèanamh gach turas agus uaireannan bha grunnan deuchainnean ann airson co-dhùnadh fhaighinn air an atharrachadh. (An tuilleadh fiosrachaidh ri fhaighinn ann am Pàipear-taic 1)

#### **Measadh Sùbailte**

Chaidh cead a thoirt do dh'oileanaich aig nach robh a' Bheurla mar phrìomh chànan faclairean chànanan eile a chleachdadh ann an deuchainnean far nach biodh faclairean Gàidhlig-Beurla ceadaichte mar as àbhaist.

#### **Atharrachaidhean don Churaicealam**

Chaidh atharrachaidhean a dhèanamh airson dèanamh cinnteach gu bheil a' cleachdadh eisimpleirean eadar-nàiseanta ann an clasaichean cànan is measaidhean an àite eisimpleirean às a' Ghàidhealtachd is na h-Eileanan a-mhàin. Chaidh seo atharrachadh an dèidh mholaidhean le oileanaich eadar-nàiseanta.

#### **Coimeasan le Mion-chultaran Eile**

Tha modalan Ìre 8 a leithid *Cànan, Cultar is Cinnidheachd* agus *Leasachadh air a' Ghàidhealtachd* a' sgrùdadh eòlas eachdraidheil, ghluasadan ùra agus phàtranan

leasachaidh ann an coimhearsnachdan mhion-chànanan is mhion-chultaran san Roinn Eòrpa.

Tha modalan Ìre 9 a leithid *Nàiseantachd agus Fèin-Aithneachadh Nàiseanta*, anns a bheil bun-fhiosrachadh air eachdraidh nàiseantachd na h-Alba agus coimeas eadar Alba agus grunnan dùthchannan, mar eisimpleir na h-Eileanan Fàro, An t-Suain is Canada, agus *Dlùth-chruinneas agus Coimhearsnachdan Iomallach*, a' toirt bun-stèidh sheasmhach dhaibh airson suidheachadh eaconamach is poilitigeach an latha an-dè is an-latha an-diugh a sgrùdadh ann an dùthchannan iomallach na Roinn Eòrpa.

### **Figearan**

Tha Pàipear-taic 2 a' sealltainn an fhiosrachaidh àireamhail a tha ri fhaotainn air UHI Records air feartan Co-ionannach nan oileanach HE agus FE againn.

Chaidh sònrachadh gu bheil mòr-chuid nochdte ann de dh'oileanaich bhoireann thar nan cùrsaichean seo agus nach na figearan air feartan cinnidheach a' sealltainn na h-iomadachd am measg oileanaich Sabhal Mòr Ostaig, an dà chuid air an àrainn agus air astar.

Tha Pàipear-taic 3 a' sealltainn an fhiosrachaidh àireamhail air glèidheadh is soirbheachadh oileanach a thaobh fheartan Co-ionannach.

A thaobh glèidhidh, tha e nas coltaiche gum bi oileanaich a tha ciorramach a' cur crìoch air a' chùrsa aca is gun a bhith a' tarraing a-mach.

### **Gnìomh a Bharrachd**

Thathar a' cur an sàs eacarsaich mhapaidd thar gach pàirt den churaicealam airson sònrachadh ciamar a thathar a' libhrigeadh co-ionannachd agus na dòighean-obrach a thathar a' cleachdadh airson cànan, dualchas agus cultar na Gàidhlig a choimeas le cultaran eile airson aire a thogail, tuigse a leudachadh agus deagh chleachdadh a chur an gnìomh.

A chionn 's gu bheil na figearan againn a' sealltainn gum bi cha mhòr a h-uile cùrsa againn a' tàladh barrachd oileanach boireann na fireann, feumar barrachd oidhirp a dhèanamh airson oileanaich fhireann eile a thàladh don Cholaiste.

Feumar barrachd oileanach a bhrosnachadh, gu h-àraid oileanaich FE, gus fiosrachadh a thaobh ciorram agus feartan Co-ionannach eile innse.

Feumar Fiosrachadh Co-ionannach a chruinneachadh thar gach Feart Dìonaichte.

Feumar cruinneachadh is sgrùdadh fiosrachadh thar gach seirbheis a thoirt am feabhas agus gnìomhan eile a shònrachadh.

#### 4. Feumar gach neach-obrach le feartan dìonaichte a riochdachadh agus a làimhseachadh gu cothromach.

##### Prìomh Chuspairean: Fiosrachadh Luchd-obrach

##### Cruinneachadh Fiosrachaidh Luchd-obrach air Feartan Dìonaichte air iartas fhaighinn

Chaidh foirm-iarrtais na Colaiste ùrachadh agus tha e a' cruinneachadh fiosrachaidh a-nis thar gach feart dìonaichte agus tha e ga chlàradh ann an stòr-dàta Access.

Gu ruige seo, tha foillseachadh de 100% air a bhith ann gun dùbhlanan.

##### Fiosrachadh Luchd-obrach

Tha fiosrachadh sna clàran a leanas air sgaradh gnè an luchd-obrach is a' Bhùird-stiùiridh againn.

|                       | 2013          |               | 2015       |            |
|-----------------------|---------------|---------------|------------|------------|
| Roinn                 | Fireann       | Boireann      | Fireann    | Boireann   |
| Foghlam               | 21            | 12            | 23         | 11         |
| ICT                   | 3             | 0             | 3          | 0          |
| Seirbheisean Corporra | 6             | 9             | 5          | 9          |
| Goireasan             | 8             | 25            | 8          | 18         |
| Foghlam Fad-beatha    | 5             | 7             | 4          | 4          |
| Rannsachadh           | 4             | 2             | 4          | 4          |
| Tobar an Dualchais    | 4             | 4             | 2          | 3          |
| <b>Iomlan</b>         | <b>51</b>     | <b>59</b>     | <b>49</b>  | <b>49</b>  |
| <b>Sa cheud</b>       | <b>46.36%</b> | <b>53.64%</b> | <b>50%</b> | <b>50%</b> |

## Buill a' Bhùird Stiùiridh a rèir Gnè

| Gnè      | 2013    |          | 2015    |          |
|----------|---------|----------|---------|----------|
|          | Fireann | Boireann | Fireann | Boireann |
| Buill    | 4       | 6        | 6       | 6        |
| Sa cheud | 40%     | 60%      | 50%     | 50%      |

## Fiosrachadh air Beàrn Gnèitheil Tuarastail

### Giblean 2013

| Reat uaireach a rèir gnè | Fireann | Boireann |
|--------------------------|---------|----------|
| £                        | 20.38   | 14.50    |

### Giblean 2015

| Reat uaireach a rèir gnè | Fireann | Boireann |
|--------------------------|---------|----------|
| £                        | 20.31   | 16.53    |

'S e am beàrn gnèitheil 28.85%

'S e am beàrn gnèitheil 18.61%

## Beachd

Thèid an diofar gnèitheil ann an Roinn an Fhoghlaim a chumail fo sgrùdadh.

Chan eil duilgheadasan ann an sgaradh ghnèitheil a' Bhùird Stiùiridh.

Tha am Beàrn Gnèitheil Tuarastail air a dhol am feabhas gu mòr.

## Gnìomh a Bharrachd

Feumar figearan sgrùdail thar nam feartan dìonaichte gu lèir a chruinneachadh airson an luchd-obrach air adhbharan fastaidh, glèidhidh agus àrdachaidh.

Feumar am Beàrn Gnèitheil Tuarastail a thoirt am feabhas barrachd.

**5. 'S urrainn do luchd-obrach agus oileanaich aig a bheil feartan dìonaichte, gu h-àraid oileanaich agus luchd-obrach ciorramach, togalaichean agus goireasan a chleachdadh anns nach eil cnapan-starra fiosaigeach, àrainneachdail, sgìreil no beachdail nach eil riatanach.**

## **Prìomh Chuspairean - So-ruigsinneachd, Deagh Shaoghal-obrach**

### **Ionad Iain Noble**

Togalach ùr so-ruigsinneach anns a bheil seòmraichean-teagaisg is oifisean a thèid fhosgladh sa Chèitean 2015.

### **Ionad Cùraim-chloinne**

Tha companaidh coimhearsnachd cùraim-chloinne, Fàs Mòr, stèidhichte aig a' Cholaiste, agus anns am faighear cùram iomlan agus a leigeas le barrachd luchd-obrach is oileanach com-pàirteachadh ann am beatha na Colaiste.

### **Sgrùdaidhean Slàinte is Sàbhailteachd**

Foillsich sgrùdaidhean sgrion airson luchd-obrach iomchaidh airson uidheam tacsas a sholarachadh, a leithid tacsas coise, tacsas caol-an-dùirn.

### **Sgeamannan Obrach**

Sgeama Slàinte Obrach an gnìomh.

Sgeamannan Tilleadh a dh'Obair an Ceumannan aontaichte is an gnìomh gu soirbheachail.

### **Iomairtean Nàiseanta**

Tha a' Cholaiste a' brosnachadh agus a' com-pàirteachadh ann an iomairtean a leithid *Healthy Working Lives, Positive about Disabled People* agus *See Me*.

### **Uairean-obrach Sùbailte**

Tha seo a' toirt a-steach obair phàirt-ùine agus obair aig an taigh agus thathar air luchd-obrach a ghèidheadh agus saoghal-obrach a thoirt am feabhas dha na daoine a bha airson com-pàirteachadh san sgeama.

### **Gnìomh a Bharrachd**

In-sgrùdadh air togalach ùr so-ruigsinneach.

Beachdan air So-ruigsinneachd ri cruinneachadh air a h-uile Fòirm Fèin-sgrùdaidh.

Leasachadh Ghoireasan Spòrs air an làraich do dh'oileanaich agus luchd-obrach.

## **Sabhal Mòr Ostaig**

Sabhal Mòr Ostaig : coimhearsnachd eadar-nàiseanta air a daingneachadh leis a' Ghàidhlig.

"S e an lèirsinn àbhaisteachd againn a bhith nar coimhearsnachd choitcheann anns an urrainn don a h-uile duine, a dh'aindeoin cùl-eachdraidh, aois, nàiseantachd no fèin-aithne, com-pàirteachadh gun chrìochan."

### **Aithisg Ath-sgrùdaidh agus Adhartais air Toraidhean Co-ionannachd 2013-2017**

**1. Tha eòlas is tuigse aig a h-uile neach-obrach air cùisean co-ionannachd agus iomadachd agus air an dleastanasan, mar luchd-obrach na Colaiste, a rèir na h-Achd Co-ionannachd.**

#### **Adhartas**

- 40% den luchd-obrach air Marshall ACM Equality Training a choileanadh
- Trèanadh tro-mheadhan na Gàidhlig aig a' Cholaiste air a leasachadh
- Prionnsapal na Colaiste agus Àrd-mhanaidsearan air an trèanadh seo a choileanadh agus air iarraidh air an luchd-obrach an trèanadh air-loidhne a choileanadh

**2. Tha luchd-obrach agus oileanaich aig a bheil feart dìonaichte sam bith a' faicinn gu bheil a' cholaiste gu follaiseach a' brosnachadh co-ionannachd agus iomadachd agus a' cur luach air na feartan is builean da rèir.**

#### **Adhartas**

- Choisinn làrach-lìn na Colaiste an dàrna àite ann am farpais College Development Network. Bha na britheamhan den bheachd gun robh dealbhan na làraich in-ghabhalach a thaobh aois/gnè.
- Litir-naidheachd na Colaiste ga foillseachadh gach cola-deug anns a bheil naidheachd air co-ionannachd agus iomadachd.

**3. Tha cothroman co-ionnan aig gach oileanach le feartan dìonaichte a leigeas leotha com-pàirteachadh ann am beatha na Colaiste agus builean deimhinneach a choileanadh.**

#### **Adhartas**

- Figearan air oileanaich ann am foghlam adhartach is àrd-ìre gan cruinneachadh air Gnè, Aois is Ciorram
- Gach oileanach làn-ùine fa leth a' coinneachadh ri Ceannard Sheirbheisean Oileanach san t-seachdain inntigidh agus cothrom eile ann airson fios a leigeil mu chiorram sam bith no airson bruidhinn air feumalachdan taic.

4. Tha a h-uile neach-obrach le feartan dìonaichte iomchaidh gan riochdachadh gu cothromach.

**Adhartas**

- Gach feart dìonaichte air an Fhoirm Iarrtais Obrach ùraichte
- 100% de sgaoileadh fios bho luchd-iarrtais.

5. 'S urrainn do luchd-obrach is oileanaich leis a h-uile feart dìonaichte, oileanaich chiorramach nam measg, togalaichean agus goireasan a chleachdadh anns nach eil cnapan-starra fiosaigeach, àrainneachdail, cruinn-eòlach is beachdail neo-fheumail.

**Adhartas**

- Togalach ùr a tha so-ruigsinneach

**Builean Co-ionannachd Ùraichte**

**Cùl-fhiosrachadh**

An dèidh taic fhaighinn an lùib na Buile Co-ionannachd, bheachdaich sinn air na builean againn agus dh'atharraich sinn iad airson an dèanamh nas soilleire agus gus am biodh builean SMART a ghabhas tomhas nan lùib.

**Builean Co-ionannachd Ùraichte**

1. Tha co-ionannachd agus iomadachd gam freumhachadh agus gan libhrigeadh tro structaran is pròiseasan ceannardas, riaghladh is stiùireadh na Colaiste.

2. Tha luchd-obrach agus oileanaich a' tuigsinn agus a' cur an dleastanasan an sàs airson co-ionannachd agus càirdeas a bhrosnachadh eadar gach buidheann co-ionannachd.

3. Tha liubhairt ionnsachaidh ann airson com-pàirteachadh nan oileanach fireann a thoirt am meud.

- 4. Tha Sabhal Mòr Ostaig a' trusadh agus a' cur fianais sheasmhach às an tig gnìomh an sàs thar buidhnean co-ionannachd.**
- 5. Tha co-ionannachd ann air toradh is cunbhalachd saoghal nan oileanach a dh'aindeoin cùl-eachdraidh, aois no fèin-aithne.**
- 6. Thathar a' beachdachadh air feumalachdan luchd-cleachdaidh ciorramach ann an àrainn fhiosaigeach SMO aig àm planadh is libhrigeadh a h-uile tachartais.**
- 7. Tha SMO a' brosnachadh chothroman co-ionnan do gach neach-obrach a dh'aindeoin a' bhuidhinn gnè anns a bheil iad thar gach pàirt den bheatha-obrach, m.e. uairean-obrach shùbailte, leasachadh dreuchdail.**



| Buile Co-ionannachd  | Gnìomh  | Comharran soirbheachaidh (gèarr-meadhan ùine)  | Ceumannan (meadhan-fad ùine)   |
|--|---|--|--|
| <p><b>1. Tha co-ionannachd agus iomadachd gan daingneachadh agus gan libhrigeadh tro structaran is pròiseasan ceannardas, riaghladh is stiùireadh na Colaiste.</b></p> | <p>Leasaich is broснаich lèirsinn na Colaiste airson co-ionannachd is nan luachan na cois (faic geàrr-iomradh na lèirsinn àbhaisteachd gu h-àrd)</p> <p>Ath-sgrùdaich an fhianais chàileachdail agus uimhireil airson tùsan fiosrachaidh a shònrachadh agus beàrnan a lionadh</p> <p>Feumar beachdachadh co-ionannachd a dhèanamh air clàran-ghnothaich is pàipearan comataidh</p> <p>Ìre comataidh - clàran-ghnothaich anns am bi puing sheasmhach air co-ionannachd agus pàipear / puingean a tha feumach air mìneachadh air co-ionannachd Sgrùdadh Buaidh Co-ionannachd (SBC) ann am measadh bliadhnaile luchd-obrach, measadh bliadhnaile cùrsa agus fèin-sgrùdaidh (faic BC/EO 5)</p> <p>Ath-sgrùdaich a h-uile modh-obrach airson dèanamh cinnteach gu bheil co-ionannachd air a dèanamh àbhaisteach, mar eisimpleir</p> <p>Ath-sgrùdaich</p> | <p>Lèirsinn air a foillseachadh is air a sgaoileadh.</p> <p>Bun-stèidh làidir fhianaiseach air a stèidheachadh</p> <p>Co-ionannachd is Plana Gnìomh mar phuing sheasmhach air clàran-ghnothaich chomataidhean.</p> <p>Co-ionannachd is Plana Gnìomh mar phuing sheasmhach air clàran-ghnothaich chomataidhean.</p> <p>Luchd-obrach an sàs ann an trèanadh SBC is a' toirt SBC èifeachdach gu buil, is a' cur gnìomh an sàs da rèir.</p> <p><b>Fianais:</b><br/>Uimhir is ìre SBC gan dèanamh; uimhir a luchd-obrach gan dèanamh; co-dhùnaidhean stèidhichte orra. Number and quality of SBC</p> <p>Ath-sgrùdadh margaideachd is sanasachd gan coileanadh<br/>Lèirsinn àbhaisteachd air an làraich-lìn<br/><i>Faicsinneachd co-ionannachd air a leudachadh - atharrachadh do SMO: nas fhasa BC, aithisg àbhaisteachd, lèirsinn is a leithid a lorg.</i></p> | <p>Luchd-obrach agus oileanaich a' tuigsinn na lèirsinn agus ga cur an sàs</p> <p>SBC ga dhèanamh àbhaisteach agus ga chleachdadh mar ghoireas stiùiridh is dealbhaidh</p> |

|  |   |  |  |
|--|---|--|--|
|  | <p>margaideachd is sanasachd na Colaiste a chionn 's gu bheil e riatanach gu bheil dealas is feallsanachd na Colaiste air co-ionannachd soilleir.</p> <p>Ath-sgrùdaich brosnachadh co-ionannachd is iomadachd a-staigh is a-muigh airson sònrachadh ciamar thathar ga chur an cèill agus ciamar as urrainnear ìomhaigh a thoirt am follais barrachd.</p> <p>Sgrùdadh Buaidh Co-ionannachd ga chur an sàs gu h-èifeachdach</p> <p>Builean co-ionannachd ath-sgrùdaichte agus lèirsinn gan sgaoileadh còmhla ri aithisgean.</p> <p>Am bòrd an urra ri coileanadh nam Builean Co-ionannachd:</p> | <p><b>Fianais:</b><br/>Duaisean/aithne a tha SMO a' cosnadh airson ruigsinneachd gan sanasachadh; beachdan cruthachail gan cruinneachadh, uimhir a luchd-tadhail làrach-lìn co-cheangailte</p> <p>Tuigse aig luchd-obrach is oileanaich ga toirt am meud; deasbadan / còmhradh</p> <p><b>Fianais:</b><br/>Beachdan bho luchd-obrach is oileanaich air lèirsinn/inbhe SMO; barrachd còmhraidh / deasbaid (a leithid tadhalan / tachartasan le Foghlam na h-Alba</p> <p>Barrachd soilleireachaidh fhad 's a tha am fiosrachadh mu nàdar iomadachd oileanaich SMO ga shanasachadh - "An robh fios agad ..."</p> <p>Am bòrd an sàs ann is a' sgrùdadh ghnìomhan is dhùbhlanan mar as iomchaidh</p> <p>Am bòrd a' cur SBC an gnìomh</p> |  |
|--|---|--|--|

|  |  |   |   |
|--|--|---|---|
|  | <p>Roinnean iomchaidh ann an ùrachadh aithisgean / phlanaichean gnìomha mar phuing sheasmhach aig coinneamhan sgioba stiùiridh, agus a' Bhùird, mar as iomchaidh.</p> <p>Molaidhean nas cunbhalach/nas eagarichte agus barrachd com-pàirteachaidh airson taic a chumail ris a' Chomataidh Ch-ionannachd.</p>   |   |   |
| <p><b>2. Tha luchd-obrach agus oileanaich a' tuigsinn agus a' cur an dleastanasan an sàs airson co-ionannachd agus càirdeas a bhrosnachadh eadar gach buidheann co-ionannachd.</b></p> | <p>Leasaich agus brosnach lèirsinn àbhaisteach is luachan na Colaiste</p> <p>Ath-sgrùdaich agus leasaich leasachadh luchd-obrach / CPD airson eòlas is tuigse air co-ionannachd is iomadachd a neartachadh airson comasan co-ionannachd a neartachadh air feadh na Colaiste</p> <p>Leasaich trèanadh inntigridh èifeachdach do dh'oileanaich is luchd-obrach.</p> <p>Gabh trèanadh airson SBC èifeachdach os làimh airson gach gnìomh / dòigh-obrach</p> <p>Co-obrach le Comann nan Oileanach airson</p> | <p>Lèirsinn ga foillseachadh is ga sgaoileadh</p> <p>Figearan bho choileanadh a' mhodail-d air Co-ionannachd Trèanadh air an làraich coileanta</p> <p>Luchd-obrach an sàs ann an trèanadh Gàidhlig aghaidh-ri-aghaidh Beachdan bho trèanadh gan cruinneachadh</p> <p>Ath-sgrùdadh air beachdan bhon trèanadh làthaireach.</p> <p>A' gabhail SBC os làimh.</p> <p>Tachartasan le oileanaich gan leasachadh.</p> <p>Barrachd fios ga sgaoileadh</p> | <p>Luchd-obrach is oileanaich a' tuigsinn na lèirsinn agus ga libhrigeadh</p> <p>Comasan co-ionannachd gan neartachadh air feadh na Colaiste</p> <p>Fianais air comasan air an neartachadh an lùib fèin-sgrùdaidh, measaidh bhliadhnail, thachartasan is mar sin air adhart</p> <p>Oileanaich mothachail air na comasan co-ionannachd aca</p> |

|   |  |  |  |
|---|--|--|--|
|   | <p>comasan oileanach ann an E is D a leasachadh</p> <p>Iarr air oileanaich fios air ciorram a leigeil le bhith a' sgaoileadh barrachd fiosrachaidh air amannan is astar eadar togalaichean is goireasan taigh-beag a dhèanamh so-ruigsinneachd do dhaoine a tha ri atharrachadh gnè agus do dhaoine le ciorram.</p>  |  | <p>Co-ionannachd ga daingneachadh nas fharsaingeach ann an libhrigeadh aig SMO</p> |
| <p><b>3. Tha liubhairt ionnsachaidh ann airson com-pàirteachadh nan oileanach fireann a thoirt am meud.</b></p> | <p>Com-pàirteachadh agus stiùireadh le Sgioba Stiùiridh na Colaiste.</p> <p>Ath-sgrùdaich com-pàirteachadh le oileanaich òga</p> <p>Ath-sgrùdaich reataichean atharrachaidh bho a leithid nan seachdainean teaghlaich</p> <p>Ath-sgrùdaich dòigh-obrach a thaobh obair fiosrachaidh sna sgoiltean, gu h-àraid co-cheangailte ri balaich ag ionnsachadh na Gàidhlig.</p> <p>Cuir tachartasan air dòigh co-cheangailte ri solarachadh na Gàidhlig sna sgoiltean (le SMO is buidhnean eile)</p> | <p>Atharrachaidhean do chlàran-fiosrachadh oileanach (figearan) Beachdan nan oileanach (ceisteachan/còmhradh)</p> <p>Ath-sgrùdadh is adhartas gan clàradh, gnìomh ga chur an sàs, cunntalachd riatanach.</p> <p>Tuigse air gnìomh is buaidh air a leudachadh</p> | <p>Cothromachd ghnèitheil nas fheàrr thar solarachadh SMO</p>                      |

|   |  |  |  |
|---|--|--|--|
|   | <p>Leasaich solarachadh ùr stèidhichte air gnìomhan airson an dà chuid fireannaich agus boireannaich a thàladh, a leithid, cuairtean coiseachd is sreap</p>  |  |  |
| <p><b>4. SMO a' cruinneachadh is a' cur an gnìomh fianais iomlan is sheasmhach thar gach buidheann co-ionannachd air an tèid gnìomh a stèidheachadh</b></p> | <p>Stèidhich beàrnan san MIS - na tha ri fhaotainn / dè dh'fheumar cruinneachadh is sgrùdadh thar solarachadh gu lèir na Colaiste. (Glèidheadh, coileanas, cuspair, ìre an lùib an sgrùdadh dàta)</p> <p>Ath-sgrùdaich gu h-èiginneach na tha ri fhaotainn aig SMO agus OGE</p> <p>Dàta oileanach: leasaich dòigh-obrach chunbhalach air cruinneachadh dàta thar nan dòighean solarachaidh bhon cheum libhrigeadh air adhart</p> <p>Dàta luchd-obrach: ath-sgrùdaich agus ùraich dòighean air dàta luchd-obrach a chruinneachadh aig a' cheum libhrigidh / fhastaidh agus don luchd-obrach a tha ann</p> | <p><u>Comharraidhean soirbheachaidh</u> :<br/>Fios ga chruinneachadh – piseach air raon is ìre Reataichean sgaoilidh nas àirde<br/>Fianais ga cleachdadh airson gnìomh</p> | <p>Dòighean-obrach stèidhichte air fianais</p> <p>An sàs le sgaoileadh fios = 100%</p> |

|   |   |   |  |
|---|---|---|--|
|   | <p>Stèidhich dè agus ciamar a tha taic ri fhaotainn tro OGE - Ath-sgrùdadh air cleachdadh eòlais chudromach ann a bhith a' libhrigeadh fhigearan, a' cleachdadh shiostaman gu h-èifeachdach airson dàta a stèidheachadh gu daingeann</p> <p>Soilleirich aig ìre ro-innleachdail OGE mu dhealbhadh is leasachadh seirbheisean MIS iomchaidh, cleachdadh airson feumalachdan chom-pàirtichean is luchd-obrach</p> <p>Sgaoileadh fios luchd-obrach is oileanach: Ath-sgrùdaich foirm inntrigidh agus broснаich sgaoileadh fios tro cheisteachanan</p> <p>Feumaidh an Sgioba Stiùiridh gnìomh aontachadh airson bun-stèidh fhianaiseach làidir a leasachadh</p> |   |  |
| <p><b>5. Tha co-ionannachd ann air toradh is cunbhalachd saoghal nan oileanach a dh'aindeoin cùl-eachdraidh, aois no fèin-aithne.</b></p> | <p>Mapadh a' chlàir-oide gu h-iomlan a thaobh co-ionannachd is iomadachd, anns am bi sònrachadh, m.e. gnìomhan a chleachdas cùl-eòlais is co-theacsa a' bhuidhinn oileanach</p>   | <p>Dàta ga chruinneachadh - piseach air raon is ìre an dàta<br/>Reataichean sgaoileadh fios nas àirde<br/>Fianais ga cleachdadh airson gnìomh</p> | <p>Co-ionannachd thar nam buidhnean co-ionannachd</p> <p>“Com-pàirteachadh gun chrìochan”- faicsinneach, gabhaidh e tomhas</p> |

|  |  |  |  |
|--|--|--|--|
|  | <p>airson solarachadh na Gàidhlig a liubhairt.<br/>'S dòcha gum b' urrainnear faighneachd mu mhodalan anns a bheil eileamaidean co-cheangailte ri cultaran eile.</p> <p>Ath-sgrùdadh/fèin-sgrùdadh cùrsa ri chleachdadh an lùib mapadh a' chlàir-oide agus na h-eacarsaich sgrùdaidh.</p> <p>Beachdachadh co-ionannachd mar phàirt den phròiseas fèin-sgrùdaidh - ceistean rin ath-sgrùdadh gus an tèid ceistean iomchaidh a dhèanamh às an tig fiosrachadh feumail is ciallach.</p> <p>Leasaich is solaraich leasachadh luchd-obrach iomchaidh a chumas taic ri ath-sgrùdadh a' chlàir-oide agus cur an sàs beachdachadh co-ionannachd san fhèin-sgrùdadh.</p> <p>Luchd-obrach an sàs san ath-sgrùdadh tro obair le comataidhean foghlaim.</p> <p>Sgrùdadh Buaidh Co-ionannachd:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• An lùib sgrùdadh clàir-oide</li> <li>• Dòigh-obrach ionnsachaidh is teagaisg; taic</li> </ul> |  |  |
|--|--|--|--|

|   |  |  |   |
|---|--|--|---|
|   | <p>airson sgrùdadh ionnsachaidh</p> <p>Leasaich trèanadh cuimseach airson co-ionannachd is cleachdadh SBC a dhaingneachadh is a dhèanamh àbhaisteach a thaobh na leanas:</p> <p>Clàr-oide<br/>Dòigh-obrach ionnsachaidh is teagaisg</p> <p>Sgrùdaich dàta oileanach air glèidheadh, buanachadh is cùisean càileachdail iomchaidh.</p> <p>Ath-leasaich ceisteachanan oileanach, a leithid sgrùdaidhean modail is cùrsa gus am bi ceistean ann air co-ionannachd is iomadachd.</p> |  |   |
| <p><b>6 Thathar a' beachdachadh air feumalachdan luchd-cleachdaidh ciorramach ann an àrainn fhiosaigeach SMO aig àm planadh is libhrigeadh a h-uile tachartais.</b></p> | <p>Ath-sgrùdaich pròiseasan airson atharrachaidhean reusanta a dhèanamh san àrainn fhiosaigich</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• Cuir ceist a bharrachd ann a thaobh gluasadachd.</li> <li>• Brosnaich sgaoileadh fios le bhith a' toirt fiosrachaidh nas</li> </ul>  | <p>Comhairleachadh air ruigsinneachd ullamh In-sgrùdadh ciorramachd Com-pàirteachadh is beachdachadh air luchd-cleachdaidh le duilgheadasan gluasaid</p> | <p>“Com-pàirteachadh gun chrìochan”- so-ruigsinneachd thogalaichean ri fhaicinn, gabhaidh i tomhas.</p> |



|  |   |   |  |
|--|---|---|--|
|  | <p>mionaidiche seachad mu amannan is astar eadar àiteachan gus an urrainnear goireasan oileanach a chleachdadh</p> <p>Brosnaich sgaoileadh fiosrachaidh le bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil goireasan taigh-beag ann a ghabhas cleachdadh le daoine a tha ri atharrachadh gnè agus le daoine ciorramach.</p> <p>Ath-sgrùdaich so-ruigsinneachd an togalaich ùir.</p> <p>Còmhraidh air co-chomhairleachadh le luchd-cleachdaidh ciorramach; beachdaich air in-sgrùdadh ciorramachd a dhèanamh don oighreachd (e.g. DisabilityGo)</p> <p>Thoir beachdachadh air adhart air cùisean ruigsinneachd air làrach thùsail SMO airson cnapan-starra fhuasgladh do luchd-cleachdaidh SMO</p> |   |  |
| <p><b>7 Tha SMO a' brosnachadh chothroman co-ionnan do gach neach-obrach às bith dè am buidheann gnè</b></p> | <p>Ath-sgrùdadh / sgrùdadh buaidh air atharrachaidhean reusanta do luchd-obrach - am pròiseas; dè tha air a chur an sàs agus dè a' bhuidheann a bh' ann?</p>  | <p>Reataichean sgaoileadh fios nas àirde</p> <p>Trèanadh luchd-obrach air ath-sgrùdadh</p> <p>Piseach air comasan co-ionannachd</p> | <p>Tuairisgeul is cothromachd ghnèitheach luchd-obrach thar gach roinn solarachaidh aig SMO.</p> <p>Cùisean mu</p> |

|  |  |  |  |
|--|--|--|--|
| <p><b>anns a bheil iad thar gach pàirt den bheatha-obrach, m.e. uairean-obrach shùbailte, leasachadh dreuchdail.</b></p> | <p>Sgrùdadh figearan luchd-obrach airson cùisean a thaobh sgaradh an luchd-obrach is tuarastalan co-ionnan a shònrachadh.</p> <p>Sgrùdadh figearan luchd-obrach a thaobh cothromachd gnèitheil ann an dreuchdan ionnsachaidh is teagaisg.</p> <p>Leasachadh luchd-obrach a thaobh co-ionannachd is iomadachd.</p> <p>Leasachadh luchd-obrach a thaobh Sgrùdadh Buaidh Co-ionannachd.</p> | <p>Ath-sgrùdadh air figearan luchd-obrach airson cothroman co-ionannachd a thaobh uairean-obrach shùbailte; agus a thaobh leasachadh luchd-obrach; leasachadh dreuchdail stèidhichte air buidhnean co-ionannachd.</p> <p>Comasan is misneachd luchd-obrach air E&amp;D air a thoirt am feabhas.</p> <p>Buaidh air poileasaidh is pròiseasan ga sgrùdadh</p> <p>Fianais air cleachdadh obrach deimhinneach Comharraidhean air leasachadh èifeachdach an luchd-obrach</p> <p><b>Fianais</b> (thar raon iomlan nam buidhnean co-ionannachd) ceisteachan luchd-obrach; fèin-sgrùdadh; measadh bliadhnaile; leasachadh luchd-obrach (a-staigh agus a-muigh)</p> | <p>thuarastalan co-ionnan gam fuasgladh.</p> |
|--|--|--|--|